



SGEAMA PÌLEAT FÒRMAT CEILTEACH 2016/17

Tha BBC ALBA, S4C agus TG4 aon uair eile toilichte a bhith a' co-obrachadh san dàrna bliadhna a tha seo de sgeama pìleat, Fòrmatan Ceilteach. Tha sinn a' sireadh bheachdan air **prògraman ùra, firinneach ach spòrsail, nàdarrach, neo-sgrìobtaichte** anns am bi susbaint is anns am bi ùidh aig daoine den h-uile aois air feadh nan dùthchannan Ceilteach agus nas fharsaing na sin.

Tha sinn a' feuchainn ri blas fhaighinn air an seòrsa spiorad a tha ri fhaotainn sna dùthchannan Ceilteach san là an-diugh

Is e an t-amas a tha ann fòrmat ùr, inntinneach a lorg a tha a' toirt deagh bheachd air cò ris a tha na dùthchannan Ceilteach dhà-rìreabh coltach agus a thogas conaltradh anns na trì dùthchannan. Feumaidh na beachdan a bhith chruthachail agus àrd-amasach agus gàire, deòir no iongnadh a thoirt air an luchd-amhairc.

Thig maoin eachadh co-ionnan de £15,000 gu h-iomlan airson a' phrògram deuchainn bho MG ALBA (às leth BBC ALBA), TG4 & S4C leis an amas fòrmat a leasachadh anns am biodh luach an airgid a dh'fhaodadh sreath leantainneach a chruthachadh a bhiodh comasach a chleachdadh sna dùthchannan Ceilteach air fad agus nas fharsaing na sin.

Bu chòir do na tagraidhean a bhith a' gabhail a-steach:

Prìomh theachdaireachd a' phrògraim, am fòrmat, fiosrachadh mun tàlant a bhios an lùib a' phròiseict agus iomradh air an dòigh anns an deigheadh maoin leasachaidh a chleachdadh gus prògram deuchainn feumail a chruthachadh a b' urrainn a bhith air a chleachdadh mar bhunait airson sreath.

Thèid na tagraidhean as fheàrr air geàrr-liosta agus thèid iarraidh orra an taisbeanadh gu na trì buidhnean-craolaidh san Fhaoilleach 2017. Thèid aon thagradh a thaghadh airson a' mhaoin leasachaidh de £15,000 gus prògram deuchainn a chruthachadh airson a libhrigeadh tràth sa Ghiblean 2017.

Ceann-latha airson tagraidhean: **meadhan-là, Diciadain 21mh Dùbhlachd 2016.**

Cuiribh ur tagraidhean gu: **Celticformats@s4c.cymru**

Le bhith a' cur ur tagraidhean chun phost-dealain gu h-àrd, tha sibh ag aontachadh ris na Cumhachan Inntigidh gu h-ìosal.

Bu mhath leinn gum biodh na molaidhean agaibh calma agus cruthachail agus freagarrach airson an craoladh aig prìomh-uair sa chlàr. Bu chòir do na beachdan a bhith a' gluasad dhaoine ann an dòigh air choireigin, tro ghàire, tro dheòir no tro iongnadh.



CÙMHNANT COM-PÀIRTEACHAIDH IOMAIRT FÒRMAT CEILTEACH

Tha Iomairt Fòrmat Ceilteach (CFI) 2016 a' faighinn taic bho:

- S4C aig a bheil oifis clàraichte aig Parc Ty Glas, Llanishen, CF14 5DU, a' Chuimrigh ("S4C")
- TG4 aig Baile na hAbhann, Co. Galway, Èirinn ("TG4"); agus
- MG ALBA Ràthad Shìphoirt, HS1 2SD, Alba ("MG ALBA")

(S4C, TG4 agus MG ALBA còmhla aithnichte mar "Na Craoladairean")

1. Feumalachdan Com-pàirteachaidh

Mar phàirt den iomairt seo, feumaidh buidhnean na leanas a chur gu

Celticformats@s4c.cymru air post-dealain ro **mheadhan-là Diciadain 21mh**

Dùbhlachd:

- Prìomh theachdaireachd a' phrògram (logline), am fòrmat (mar sgrìobhainn no bhidio). Bu chòir dhan dealbhachadh a bhith sìmplidh, goirid agus prìomh eileamaidean an tagraidh a dhèanamh soilleir agus ur sealladh airson an fhòrmait ann an 2-5 duilleagan.
- Fiosrachadh mun tàlant a dh'fhaodadh a bhith an lùib a' phròiseict agus/no fios mu prìomh sgilean tàlant.
- Iomradh air an dòigh anns an deigheadh am maoin leasachaidh de £15,000 a chleachdadh gus prògram deuchainn feumail a chruthachadh a b' urrainn a bhith air a chleachdadh mar bhunait airson sreath.
- Fiosrachadh mun dòigh san cuireadh sinn fios chun a' bhuidheann-tagraidh agus bu chòir na leanas a bhith air an toirt seachad (ainm neach, ainm a' chompanaidh (far a bheil seo iomchaidh), seòladh post-dealain, seòladh puist agus àireamh fòn).
- Faodar fiosrachadh a chur thugainn nur cànan Ceilteach fhèin no sa Bheurla. Far a bheil fiosrachadh ann an cànan eile a bharrachd air Beurla, feumaidh eadar-theangachadh Beurla a bhith na chois.
- Cha ghabh na Craoladairean uallach airson duilgheadasan sam bith le siostam libhrigidh no airson freagairtean a thèid air chall, no anns am bi dàil no mearachd sam bith. Tha e an urra ribhse dèanamh cinnteach gu bheil na tagraidhean agaibh (agus faidhlichean sam bith nan cois) ullachta ann an deagh ùine (a' gabhail a-steach luchd-obrach a bhith dheth no trioblaidean teicnigeach) agus gu bheil iad air an cur thugainn ron cheann-latha airson nan tagraidhean a rèir mar a chithear gu h-àrd.
- Bithibh mothachail nach gabh am post-dealain faidhlichean nas motha na 20Mb agus chan fhaodar faidhlichean a chur thugainn ach ann an cruth Word, Excel, PDF agus Jpeg. Faodar iad seo a chur thugainn mar fhaidhlichean Zip. Bithibh mothachail gum faod an ISP agaibh pèin (Solaraiche Seirbheis Eadar-lìon) casg nas lugha na sin a chur air faidhlichean agus mar sin thathar gur comhairleachadh faighinn a-mach meud an fhaidhle a dh'fhaodas sibh a chur air falbh bhon ISP agaibh no an roinn IT agaibh ron cheann-latha.



2. Beachd air Fòrmat

Bu chòir dhan chruth a bhith ùr, chan ann stèidhichte air prògram, fòrmat, leabhraichean, dealbhan-cluiche no stuthan sam bith eile agus cha bu chòir dha a bhith air a chur mar thagraidh gu craoladair sam bith no a bhith air a roghnachadh, fo leasachadh no air a riochdachadh le craoladair sam bith eile.

Feumaidh an cruth a bhith comasach a riochdachadh a rèir Còdaichean BAI agus Còd Craolaidh Ofcom agus cha bu chòir briseadh no buaidh a thoirt air còraichean neach sam bith, a' gabhail a-steach dìomhaireachd, còraichean seilbheachd innleachdail no còraichean daonna.

Le bhith a' cur tagradh a-steach, tha gach tagraiche a' dearbhadh gu bheil am beachd ag aontachadh ris na riathanasan ann am pàirt 2.

3. Tuilleadh Fiosrachaidh

Feumaidh ceistean sam bith co-cheangailte ris an iomairt seo, a' gabhail a-steach iarrrasan airson fiosrachadh a bharrachd agus/no stiùireadh a bhith air an dèanamh ann an cruth post-dealain gu Celticformatquestions@s4c.cymru

Gus a bhith ceart agus cothromach, thèid iarrrasan agus freagairtean airson fiosrachadh agus/no stiùireadh an dàimh ris an iomairt seo an sgaoileadh gu na tagraichean air fad. Thèid sgaoileadh mar seo a dhèanamh tro phost-dealain gu na seòlaidhean puist-dealain a bheir gach tagraiche seachad agus bidh iad air am foillseachadh air làraich-lìn nan Craoladairean.

4. Taghadh Pròiseact Leasachaidh

Fosglaidh riochdairean bho na Craoladairean gach tagradh a tha a rèir a' Chùmhnant Com-pàirteachaidh aig an aon àm no an dèidh a' chinn-là. Nì riochdairean gach Craoladair measadh air a h-uile tagradh a rèir nan comharran a leanas:

- tùsalachd agus prìomh eileamaidean fòrmat
- cho tarraingeach 's a the e do phrìomh luchd-amhairc nan Craoladairean agus an comas a tha aige a bhith tarraingeach do luchd-amharc nas fharsaing
- mar a thathar an dùil an £15,000 de dh'airgead maoinachaidh a chleachdadh
- An dèidh measadh a dhèanamh, taghaidh na Craoladairean suas ri sia (6) companaidhean gus a bhith air a' gheàrr-liosta a gheibh cuireadh am beachdan a libhrigeadh chun nan Craoladairean. Tha na Craoladairean airson fios a leigeil gu na companaidhean a tha a' faighinn cuireadh tro phost-dealain air, no timcheall air an 10mh Faoilleach 2017. Gheibh an luchd-tagraidh soirbheachail fios mun cheann-latha agus mu ullachaidhean eile. Gheibh tagraichean nach robh soirbheachail fios an dèidh a' chinn-là seo.



Ma 's e neach air leth no buidheann às aonais mòran eòlais air a bhith a' riochdachadh phrògraman telebhisein den fhòrmat seo a tha san Leasaiche Fòrmat, mar phàirt prògram deuchainn a riochdachadh agus a bheil iad air bruidhinn ri companaidh dhan libhrigeadh bidh conaltradh ris na Craoladairean air mar a tha an Leasaiche Fòrmat an dùil am riochdachaidh eile airson taic no am biodh iad deònach gun ainmicheadh an craoladair coimiseanaidh companaidh riochdachaidh no àrd riochdaire airson obrachadh air a' phròiseact.

Thèid na tagraidhean an libhrigeadh an dàrna cuid gu pearsanta no air Co-labhairt Bhidio no Skype. Bidh riochdaire bho gach Craoladair an làthair agus thèid cùisean ceangal Co-labhairt Bhidio no Skype a chur air dhòigh le gach tagraiche.

An dèidh tuilleadh mheasaidh a dhèanamh air na tagraidhean, taghaidh na Craoladairean, far a bheil e iomchaidh, aon (1) bheachd fòrmat, còmhla agus gu h-aon ghuthach, airson tuilleadh leasachaidh.

Cuiridh na Craoladairean fios gu gach tagraiche soirbheachail agus neo-soirbheachail an dèidh nan tagraidhean air fad a mheasadh.

Bidh co-dhùnaidhean nan Craoladairean a thaobh seo fon ùghdarras aca fhèin agus cha ghabh atharrachadh.

5. Prìomh Teirmean Leasachaidh

Far a bheil beachd airson fòrmat air a chur mar thagraidh chun iomairt seo, ach nach tèid a thaghadh airson a leasachadh, thèid na còraichean air fad airson an fhòrmat a ghleidheadh leis a' chompanaidh riochdachaidh a chuir a' bheachd a-steach.

Far a bheil beachd fòrmat air a thaghadh airson a leasachadh, thèid iarraidh air an tagraiche a chuir a-steach beachd an fhòrmat ("Leasaiche Fòrmat") aonta a ruighinn le na Craoladairean a rèir nan teirmean a leanas:

- dleastanas air an Leasaiche Fòrmat na stuthan leasachaidh a libhrigeadh, a' gabhail a-steach prògram deuchainn nach eil aig ìre craolaidh, stèidhichte air beachd an fhòrmat (le fo-thiotalan Beurla, far a bheil sin iomchaidh), leabhran fòrmat, òrdugh ruith;
- dearbhadh bho gach Craoladair gun cuir iad £5,000 ris (£15,000 gu h-iomlan);
- cead às-dùnach do gach Craoladair aon sreath no barrachd a choimiseanadh sa chànan aca fhèin stèidhichte air an fhòrmat fon ùghdarras aca fhèin a-mhàin, gus a' chraoladh air feadh an t-saoghail gun bhacadh.
- mur a bheil mòran eòlais aig an Leasaiche Fòrmat air prògraman a chruthachadh ann an cànan aon dha na Craoladairean eile, faodaidh gach craoladair iarraidh air an Leasaiche Fòrmat am fòrmat a thoirt fo chead do riochdaire ionadail neo-eisimeileach le cìs a phàigheadh airson an fhòrmat. Thèid dreuchd comhairliche a thoirt don Leasaiche Fòrmat leis a' chompanaidh riochdachaidh iomchaidh air teirmean a thèid an aontachadh leis a' chraoladair coimiseanaidh.
- thèid an còir-dligheach den fhòrmat agus am prògram deuchainn a thoirt do na Craoladairean agus an Leasaiche Fòrmat ann an roinnean co-ionnan;



- aontaichidh na buidhnean air fad air an ro-innleachd sgaoilidh as iomchaidh air an fhòrmat mar phàirt de aonta coimiseanaidh;
- thèid còir-dligheach de phrògram sam bith a thèid a choimiseanadh le craoladair a thoirt air ais do agus bidh e leis na Craoladairean agus an Leasaiche Fòrmat ann an roinnean co-ionnan mur tig na Craoladairean agus an Leasaiche Fòrmat gu aonta eile; agus
- ma thèid beachd fòrmat a thaghadh airson obair leasachaidh ach nach tagh gin dha na Craoladairean sreath a choimiseanadh stèidhichte air an fhòrmat taobh a-staigh 24 mìos de libhrigeadh nan stuthan leasachaidh, bidh am pròiseact air a chur ann an *'turnaround'* agus bidh an Leasaiche Fòrmat airidh air na còraichean airson an fhòrmat air fad a cheannach air ais le bhith a' pàigheadh air ais an airgead leasachaidh de £15,000.

6. Saorsa Fiosrachaidh agus Tèarainteachd Dàta

Tha na Craoladairean a' tighinn fo bhuaidh chumhan Achd Saorsa an Fhiosrachaidh 2000 (FOI) agus Achd Saorsa Fiosrachaidh na h-Èirinn 2014 agus dh'fhaodadh gum bi aca ri fiosrachadh ann an conaltradh leotha tro sgrìobhainn fhoillseachadh ann am freagairt ri iarrtas FOI.

Ann a bhith a' freagairt an sgrìobhainn seo, tha tagraichean a' toirt cead do na Craoladairean fiosrachadh pearsanta a thèid a thoirt dhaibh a chleachdadh ann an dòigh a tha a rèir Achd Tèarainteachd Dàta 1998 agus a' dearbhadh gu bheil an tagraiche air na ceadan treas pàrtaidh freagarrach iarraidh airson leigeil do na Craoladairean seo a dhèanamh.

7. Dìomhaireachd

Tha tagraichean ag aontachadh fiosrachadh sam bith a gheibh iad bho na Craoladairean an dàimh ris an iomairt seo a chumail dìomhair. Tha tagraichean ag aontachadh nach cleachd iad am fiosrachadh seo airson adhbhar sam bith ach airson freagairtean ullachadh agus cha toir iad seachad fiosrachadh ach ann an dìomhaireachd agus gu daoine a dh'fheumas am fiosrachadh fhaighinn airson daoine a tha an sàs ann a bhith ag ullachadh fhreagairtean. Chan eil uallaichean dìomhaireachd a buaileadh air sgrìobhainnean a tha mar-thà air am foillseachadh gu poblach aig an àm a tha e air fhoillseachadh no air a sgaoileadh le aon de na Craoladairean.

Tha tagraichean ag aontachadh nach foillsich iad, agus ag aontachadh dèanamh cinnteach nach foillsich an luchd-obrach aca no comhairliche no duine sam bith an sàs ann am freagairtean, fiosrachadh sam bith (a' gabhail a-steach ach gun a bhith air a chuingealachadh ri fiosan tro làraich meadhanan sòisealta mar Facebook agus Twitter no eile) co-cheangailte ris an iomairt no co-dhùnaidhean nan Craoladairean an dàimh ri eileamaid sam bith den iomairt, mura toir gach Craoladair cead sgrìobhte ro-làimh airson conaltradh den t-seòrsa seo.

8. Neo-aonta

Le bhith a' cur a-steach tagradh, tha tagraichean a' dearbhadh gu bheil:

- 1 Am freagairt firinneach agus an dùil a bhith farpaiseach; agus
- 2 Nach eil an tagraiche air an tagradh a stèidheachadh no atharrachadh le, no fo, no a rèir aonta no ullachadh le neach sam bith eile no air iarraidh le riochdaire sam bith eile sin a dhèanamh.

9. Còraichean an stuth a chuireadh a-steach agus dìoladh

Feumaidh gach tagraiche dèanamh cinnteach gu bheil smachd aca air cead, ainm agus gnothaichean air fad an fhiosrachaidh san tagradh gus am bi e comasach do na Craoladairean cead gun bhacadh fhaotainn agus an fhòrmat a chleachdadh agus prògramadh sam bith stèidhichte air an fhòrmat, le reic no thoirt fo chead, do mheadhanan air fad air feadh an t-saoghail gu buan.

Tha tagraichean ag aontachadh gu bheil Craoladairean a' sìor leasachadh agus a' gabhail ri beachdan bho iomadh taobh. Mar sin cha bhi na Craoladairean buailteach do thagraiche a thaobh a bhith a' cleachdadh stuth nach eil tùsail don tagraiche, nach eil ùr no nuadh no a tha air a bhith air a chur gu neo-eisimeileach gu na Craoladairean no air a bhith air a leasachadh ron seo le neach-obrach bho na Craoladairean no a thèid a thoirt do na Craoladairean sam àm ri teachd le treas phàrtaidh agus cha bhi e mar fhiachan air na Craoladairean dìoladh a thoirt don tagraiche airson a leithid de stuth a chleachdadh.

Ma riochdaicheas Craoladairean no a sgaoileas iad prògram no prògraman telebhisein stèidhichte air an t-aon bheachd choitcheann, cuspair no suidheachadh agus/no aig a bheil an t-aon seata no cùl-eachdraidh ri stuth sam bith eile a chuireadh a-steach leis an tagraiche, cha bhi uallach no buailteachd air na Craoladairean a thaobh an tagraiche airson riochdachadh no sgaoileadh a leithid sin de phrògram(an) ach a mhàin far a bheil na Craoladairean air copaidh a dhèanamh de chur an cèill agus leasachadh a' bheachd, cuspair no suidheachadh, a' gabhail a-steach nan caractaran agus an loidhne-stòiridh a tha ann. Leis an tagraiche a bhith a' cur stuth a-steach chan leigear a leas smaoinichadh gu bheil gin de na Craoladairean ann an suidheachadh eadar-dhealaichte bho bhall sam bith eile den phoball a thaobh an stuth a chaidh a chur a-steach. Mar sin, dh'fhaodadh pàirt sam bith den stuth a dh'fhaodadh a bhith air a chleachdadh gu furasta le ball sam bith den phoball a bhith air a chleachdadh leis na Craoladairean gun dìoladh sam bith a bhith air a thoirt don tagraiche.

Le bhith a' cur tagradh a-steach, tha na tagraichean ag aontachadh na Craoladairean a dhìoladh, a dhìon, a leigeil ma sgaoil, a leigeil às agus am meas mar a bhith neo-chronail a thaobh agartasan no buailteachdan a tha ag èirigh a-mach à, no a rèir com-pàirteachas an tagraiche san iomairt seo, a' gabhail a-steach gun crìochan: (a) agartasan airson dochann, call no milleadh de sheòrsa sam bith mar thoradh air com-pàirteachadh an tagraiche san iomairt seo; agus (b) agartasan stèidhichte air còraichean dìomhaireachd, moralta, milleadh cliù, còir-dligheach agus/no briseadh air



comharra-malairt a thaobh an tagraidh no a bhith a' gabhail brath air beachd fòrmat sam bith.

10. Dì-cheadachadh

Tha na Craoladairean a' gleidheadh dhaibh fèin an cead, len tul-ùghdarras fhèin, dì-cheadachadh a dhèanamh air freagairt sam bith agus/no air Companaidh bhon iomairt seo aig àm sam bith ma bhios:

- (a) freagairt sam bith nach bi a rèir nan Teirmean Inntigidh;
- (b) fiosrachadh sam bith a thèid a thoirt do na Craoladairean nach bi iomlan, no a bhios ceàrr no meallta ann an dòigh sam bith no nach eil a-nis ceart;
- (c) an tagraiche air obrachadh le neach sam bith eile a rèir no an co-cheangal ris an fhreagairt ris an sgrìobhainn seo; no
- (d) an tagraiche no na comhairlichean a chuir iad nan àite air oidhirp a dhèanamh buaidh a thoirt air a' phròiseas seo ann an dòigh mì-ìomchaidh sam bith.

Bidh dì-cheadachadh de thagradh sam bith no de chompanaidh sam bith air a dhèanamh gun chlaon-bhreith do chòraichean no fuasglaidhean sam bith eile a bhios aig na Craoladairean.

11. Neo-dhleastanas Cùmhnant a thabhann

Chan eil càil a tha san sgrìobhainn seo ri fhaicinn mar aonta no cùmhnant gus obair leasachaidh a choimiseanadh no prògram a riochdachadh.

Tha na Craoladairean a' gleidheadh a' chòir a thighinn a-mach às/no fàgail agus/no am pròiseas seo a chur an dàil aig àm sam bith, gun cùmhnant sam bith a bhuileachadh mar thoradh air a' phròiseas seo, gus cur-ri, atharrachadh agus/no soilleireachadh teirmean agus cùmhnantan an sgrìobhainn seo.

12. Lagh Riaghlaidh

Tha am pàipear seo fo smachd laghan Shasainn agus a' Chuimrigh agus tha tagraichean ag aontachadh, le bhith a' cur fios air ais, a bhith fo uachdaranas cùrtean Sasainn agus a' Chuimrigh a-mhàin.